

Cuspair Clàir-ghnothaich	9
Àir. Aithisge	G/5/23

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 30 Màrt 2023

Tìotal Aithisge: Sgrùdadh Iomchaidheachd – Fiathachadh airson Ro-aithris Chosgaisean (ITQ)
Solar Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 – Inbhir Nis

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo, am fiosrachadh as ùire a thoirt do bhuill mu Fhoghlam tron Ghàidhlig 3–18 ann an Inbhir Nis. Thathar an-dràsta a' sireadh ro-aithrisean chosgaisean airson sgrùdadh iomchaidheachd, a bheachdaicheadh air solar Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 ann an Inbhir Nis.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air an dòigh-obrach agus air na raointean-ama airson a bhith a' leasachadh Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 airson Inbhir Nis.

3. Buaidhean

3.1 Goireas – Thèid an sgrùdadh iomchaidheachd a dhèanamh a' cleachdadh nan goireasan a th' ann mar-thà, agus ann an co-bhann le Sgioba na Gàidhlig, Sgioba an Fhoghlaim agus prìomh luchd-ùidhe.

3.2 Laghail – Leanaidh an sgrùdadh iomchaidheachd ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus cuidichidh e gus na gealltanasan is na h-amasan a th' anns a' Phlana Ghàidhlig a chur air adhart.

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Bidh e na phàirt dhen ro-innleachd, nuair a thèid a cur an sàs, a bhith a' conaltradh gu h-èifeachdach aig ìre coimhearsnachd leis a' phoball, le luchd-ùidhe agus le com-pàirtichean, agus bheir leasachadh air na dòighean-obrach a thaobh na ro-innleachd

ann an conaltraidhean Gàidhlig, piseach air coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach.

- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach; agus Cunnart – Chan eil buaidhean ann.
- 3.5 Gàidhlig – Bidh buannachdan ann dhan Ghàidhlig an lùib a bhith a’ leasachadh dòigh-obrach dhealbhaichte a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig ann an Inbhir Nis.

4. Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 Inbhir Nis – Ro-ràdh

- 4.1 Bidh an sgioba ceannardais ro-innleachdail agus oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd a’ coinneachadh is a’ conaltradh gu cunbhalach le prìomh bhuidhnean is chom-pàirtichean, a rèir phrìomhachasan ro-innleachdail Plana na Gàidhlig mu fhoghlam Gàidhlig.

An lùib nan còmhraidhean seo, bithear a’ dèanamh sgrùdadh air iomchaidheachd solar Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 airson Inbhir Nis.

- 4.2 Tha an lèirsinn a th’ ann a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig san àm ri teachd mar a tha e air a chur an cèill ann am Plana na Gàidhlig:

‘3.2. Gealladh Ro-innleachdail – Gun dèanar cinnteach gu bheil foghlam Gàidhlig air fhighe a-steach do Leasachadh Càileachd Foghlaim Ro-innleachdail Chomhairle na Gàidhealtachd.’

- 4.3 Mar a chaidh innse aig a’ choinneimh mu dheireadh de Chomataidh na Gàidhlig san t-Samhain, bha Fiathachadh airson Ro-aithris Chosgaisean (ITQ) airson sgrùdadh iomchaidheachd a thaobh solar Foghlam tron Ghàidhlig 3-18 airson Inbhir Nis ga chur an gnìomh.

’S e amas an sgrùdaidh iomchaidheachd, rannsachadh a dhèanamh a thaobh solar Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 airson Inbhir Nis. Tha an ITQ a-nis deiseil agus thathar ga chur a-mach airson solar an-dràsta.

Às dèidh an sgrùdaidh iomchaidheachd, gheibh buill Chomataidh na Gàidhlig is Chomataidh an Fhoghaim cothroman, tro bhùithtean-obrach, pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean mun aithisg agus mu mholaidhean a thig às an sgrùdadh.

- 4.4 Tha dealas aig Comhairle na Gàidhealtachd ann an lèirsinn a tha adhartach is leantaileach, a’ togail air an iomadh cothrom a th’ ann a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtichean, gu h-ionadail is gu nàiseanta, airson fàs a thoirt air foghlam, canan is cultar na Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd.

Coimheadaidh an sgrùdadh iomchaidheachd air na ghabhas dèanamh airson solar na Gàidhlig a leudachadh, agus bheir e sùil air na roghainnean a th’ ann a thaobh campas 3–18 ann an Inbhir Nis a leasachadh.

Mar phàirt dhen ullachadh airson an sgrùdaidh seo, tha còmhraidhean air a bhith aig àrd-oifigearan le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba. Tha na còmhraidhean seo leantainneach, agus bidh iad mar phàirt dhen chonaltradh a bhios againn le luchd-ùidhe nuair a thèid an sgrùdadh iomchaidheachd fhoillseachadh.

4.5 Bidh a bhith a' lorg ghòireasan a tha seasmhach deatamach ann a bhith a' dèanamh adhartas le toraidhean sgrùdadh iomchaidheachd 3–18, agus tha seo a' ciallachadh gum feumar an dà chuid maoinachadh calpa is teachd-a-steach fhaighinn; bidh feum cuideachd air curraicealam a tha sàr mhath le susbaint is roghainnean curraicealam a bharrachd, agus le solar thidsearan a tha earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh às aonais dòigh-obrach a tha co-cheangailte agus com-pàirteach.

5. Clàr-ama Solair

5.1 Thathar am beachd gun lean solarachadh an ITQ na ceumannan san loidhne-ama gu h-ìosal:

ITQ ga chur a-mach	17 Màrt 2023
Ceann-latha airson ITQ	6 Giblean 2023
Cùmhnannt ga thoirt seachad	1 Cèitean 2023
Ciad coinneamh pròiseict (far a bheil feum)	Ri dhainneachadh

Tha a' Chomhairle a' gleidheadh na còire an clàr-ama seo atharrachadh, agus tha ceumannan 2 gu 4 gu h-ìomlan air an toirt seachad a-mhàin airson a bhith foillseachail.

5.2 Adhbhar

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air an t-adhbhar a leanas a mhìneachadh taobh a-staigh riathanasan gnothachais an ITQ.

Tha a' Chomhairle airson sgrùdadh a choimiseanadh, airson coimhead air na ceumannan a tha a dhìth airson fàs seasmhach a libhrigeadh ann am Foghlam tron Ghàidhlig 3–18, **gu sònraichte ann an Inbhir Nis**. Am measg nam buannachdan a bharrachd, bu chòir gum bi tuigse nas fheàrr air na dòighean-obrach a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh thar na Gàidhealtachd, gus Foghlam tron Ghàidhlig a leudachadh agus foghlam Gàidhlig a chumail suas agus fhàs ann an coimhearsnachdan eile sa Ghàidhealtachd.

5.3 Na tha a dhìth

An dèidh pròiseas co-obrachail, dh'aontaich Comhairle na Gàidhealtachd ris na feumalachdan a leanas anns an ITQ, airson mìneachadh a dhèanamh air na builean rùnaichte a leanas bhon sgrùdadh iomchaidheachd:

- sgrùdadh a dhèanamh air mar a thathar a' libhrigeadh FtG an-dràsta ann an Cathair-bhaile Inbhir Nis, agus rannsachadh a dhèanamh air modhan libhrigidh a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh, nam measg, leasachadh air campas 3–18 a sheasas leis fhèin;
- coimeas a dhèanamh air neartan is dùbhlain ann an diofar mhodhan leudachaidh, nam measg a' bhuidh air eadar-ghluasad, nam biodh solar air a thoirt air falbh bho na sgoiltean a th' ann an-dràsta;
- tuigse air iarrtasan phàrantan, agus na dh'fhaodadh tachairt a thaobh seo leis na roghainnean a chaidh ainmeachadh;
- suidheachadh is buaidh air sgìre-sgoile; co-chomhairleachadh; planadh; agus còmh-dhail;

- slighe an sgoileir – eadar-ghluasadan bho eòlas an luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean; slighean luchd-ionnsachaidh bho 0–3 gu tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne (TICC), TICC gu bun-sgoil, bun-sgoil gu Foghlam Farsaing Coitcheann agus air adhart chun na h-Ìre as Àirde; leantainneachd ann a bhith a’ libhrigeadh a’ churraicealam tron Ghàidhlig; buileachadh is builean foghlaim; slighean gu obair;
- seasmhachd ann an ro-mheasadh nan àireamhan sgoilearan; luchd-teagaisg a ghleidheadh; agus cothrom air curraicealam is air a bhith ga leasachadh;
- measadh ionmhasail – calpa, maoineachadh teachd a-steach is cosgaisean leantainneach;
- àrainneachd chorporra – agus na tha an lùib seo airson taic a thoirt do shuidheachaidhean bogaidh, me, dè as fheàrr do sgoilearan airson piseach a thoirt air na tha iad ag ionnsachadh;
- mar a dh’fhaodadh Ionnsachadh Didseatach ann an curraicealam Gàidhlig àrd-sgoile a bhith air a chleachdadh airson a h-uile sgoilear ann an sgìre na Gàidhealtachd, agus an cothrom a th’ aca air foghlam Gàidhlig (Comhairle mu Foghlam Gàidhlig);
- mìnich na h-ath cheumannan a dh’fhaodadh a bhith air an gabhail a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an leasachadh a tha ri dhèanamh air Plana Gàidhlig 4 na Comhairle; agus
- sgrìobh aithisg air na fhuairidh a-mach agus dèan molaidhean, le cosgaisean nan lùib.

5.4 Dòigh-obrach

- Coimhead air na sgrùdaidhean is air an rannsachadh a th’ ann mar-thà, a’ gabhail a-steach sgrùdadh iomchaidheachd a chaidh a dhèanamh na bu tràithe le Comhairle na Gàidhealtachd airson campas 3–18 ann an Inbhir Nis, agus grunn sgrùdaidhean a chaidh a choimiseanadh le feadhainn eile – gu h-àraid buidhnean Comann nam Pàrant – agus feadhainn buntainneach sam bith eile.
- Thoir sùil air na rudan a fhuairidh a-mach mar-thà, far an deach oidhirpean a dhèanamh gus leudachadh air bogadh cànan ann a bhith a’ leasachadh FtG – a’ gabhail a-steach modail campas 3–18 Ghlaschu agus dòighean-obrach dhùthchannan eile a thaobh chànanan tùsanach (i.e. a’ Chuimrigh, Astràilia, msaa).
- Cùm conaltradh le luchd-ùidhe bhon taobh a-staigh is bhon taobh a-muigh – cuideachd ag èisteachd ris na th’ aig sgoilearan ri ràdh; riochdairean bhuidhnean phàrant; solaraichean foghlaim (ùghdarrasan ionadail, prìobhaideach, saor-thoileach no neo-eisimeileach (PVI); Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, e-Sgoil); agus buidhnean riaghaltais is Gàidhlig.

6 Raointean-ama agus Toradh

- 6.1 Cha bu chòir dhan sgrùdadh mairsinn nas fhaide na ochd mìosan agus bu chòir dha tòiseachadh taobh a-staigh ceithir seachdainean às dèidh dhan chùmhnannt a bhith air a thoirt seachad.

Thèid an sgrùdadh iomchaidheachd fhoillseachadh ann an lethbhreacan cruaidhe agus gu h-eileagtronaigeach aig deireadh an ama seo.

Thèid coinneamhan a chumail gach mìos airson fiosrachadh mu adhartas a thoirt seachad, le aithisg eadar-amail ga toirt seachad leathach-slighe air adhart. Thèid toraidhean bhon ITQ agus cunntasan leantainneach air adhartas a thoirt seachad aig gach coinneamh de Chomataidh na Gàidhlig.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha:

Ùghdar: Lena Walker

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: